

Bòrd na Gàidhlig
Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird
Nòs/Rùm, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis
14&15/06/17 14:00 – 17:00

Buill		A' Frithealadh:	
Ailean Dòmhnallach (Cathraiche)	(AD)	Shona NicIllinnein (Ceannard)	(SNI)
Dòmhnall MacLeòid	(DML)	Daibhidh Boag	(DB)
Dòmhnall MacSuain	(DMS)	Mona Wilson	(MW)
Johan Nic a' Ghobhainn	(JNG)	Graham Nisbet	(GN)
Seumas Whannel (15/06 A-MHÀIN)	(JW)	Dùghlas Ansdell	(DA)
Jennifer Gilmour	(JG)	Cairistiona Stiùbhart	
Fiona Dunn	(FD)	(Geàrr-chunntas)	
Màiri Anna NicUalraig	(MAK)		
Ailean Caimbeul	(AC)		
Màiri NicAonghais	(MNA)		
Joy Dunlop	(KJD)		

1)	MAOINEACHADH RIAGHALTAS NA H-ALBA
	Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile neach don Choinneimh. Rinn DA aithris don Bhòrd air eachdraidh maoinachaidh Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhlig.
2)	CÙISEAN TÒISEACHAIDH
	Leisgeulan
	Chaidh leisgeul a chlàradh airson JW airson an-diugh 14/06, bidh e an làthair a-màireach 15/06.
	A' Nochdadh Com-pàirt
	DML, DMS, MNA -4 Pàipear 2 - CNES MAK-6 Pàipear 7 – BBC/MG ALBA AD-6 Pàipear 7 – BBC/MG ALBA
	Geàrr-chunntas
	Chaidh gabhail ri geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh a chaidh a chumail air 8/3/17
	Cùisean a thog ceann
	Dh' innis an Ceannard gun robh AMF a' feitheamh ri beachdan/molaidhean bho na Buill ùra mu bhith a' cumail choinneamhan gu Poblach, nuair a bhiodh sin aige dh'ullaicheadh e pàipear fiosrachaidh dhan Bhòrd.
3)	IONMHAS
	Thàinig GN a-steach dhan choinneimh
	Bhruidhinn GN mun aithisg seo agus thug e geàrr-iomradh air suidheachadh an ionmhais thuige seo. Mhìnich e do na Buill, bho seo air adhart, nach biodh airgead ga ghluasad eadar buidseatan gus cùisean a chothromachadh mar a b' àbhaist a bhith a' tachairt. Thuirt e gum biodh seo a' ciallachadh gum biodh na buidseatan a' sealltainn na fìor chosgaisean agus a' toirt dealbh nas soilleire do na Buill air na roghainnean a bha mun choinneimh. Thug na Buill fa-near don fhiosrachadh.
	Dh' fhàg GN a' Choinneamh

4)	TABHARTASAN
	PT1 Comhairle na Gàidhealtachd
	Thug DB geàrr-iomradh air an iarrtas seo. Bha Comhairle na Gàidhealtachd am beachd taic a

	<p>bharrachd a chumail ri buidhnean 0-3 ann an sgìrean Inbhir Nis is Inbhir Narann le bhith a' fastadh oifigear tràth-bhliadhnaichean. Bha BnG a' moladh taic luach £50,000, £10k nas ìsle na chaidh iarraidh. Thogadh ceist an robh cinnt gum biodh e comasach don Chomhairle an obair a choileanadh leis an ìre airgid a bhith nas ìsle na chaidh iarraidh. An dèidh beagan deasbaid dh' aontaich na Buill ris an taic £50k ann am prionnsapal ach chaidh iarraidh air DB conaltradh leis a' Chomhairle gus aonta coileanadh fhaighinn.</p> <p>PT2 Comhairle nan Eilean Siar (Dh' fhàg DMS,DML & MNA a' choinneimh)</p> <p>Bha Comhairle nan Eilean Siar air an tagradh seo a chur a-steach gus clasaichean ionnsachaidh do dh' inbhich a ruith air feadh nan Eilean Siar. Bhathas a' moladh £40k dhan phròiseact. Dh' aontaich na Buill ris a' mholadh ann am prionnsapal ach dh' iarr iad fianais air dè cho soirbheachail is a bha na clasaichean air a bhith thuige seo. Dh' iarr iad fios mu na h-àireamhan a bha a' cur crìoch air na clasaichean agus dè cho comasach 's a bha iad sa chànan.</p> <p>(Thill DMS,DML & MNA gun choinneimh)</p>
5)	<p>RIAGHLADH CORPORRA</p>
	<p>PT3 - Aonta Màil</p> <p>Aig Coinneamh Poileasaidh is Coileanadh chaidh beachdachadh air a' phàipear seo, far an robhas ag iarraidh air Buill taghadh bho trì roghainnean gus fuasgladh fhaighinn air an t-suidheachadh mu choinneimh aonta màil agus bha iadsan a' moladh an dàrna roghainn don Bhòrd.</p> <p>Thug an Ceannard cùl-fhiosrachadh do na Buill air an t-suidheachadh le màil oifis Ghlaschu. Bha an t-aonta màil air tighinn gu crìch san t-Sultain 2016 agus bhon àm sin bhathas a' pàigheadh màil bho mhios gu mìos. Bha an Riaghaltas air fios a' thoirt do BhnG gun robh àiteachan saor an togalach an Optima air an aon làr ri Foghlam Alba. Cha bhiodh ri phàigheadh ach cosgaisean riuth a-mhàin, agus 's e suidheachadh air leth goireasach a bhiodh ann – togalach le luchd-tèarainteachd an làthair agus ionad-fàilte, cothrom a bhith ag obair dlùth ri Foghlam Alba, àite far am b' urrainn coinneamhan an cumail agus cafaidh far am faighear biadh teth is fuar.</p> <p>Dh' aontaich na Buill gabhail ris Am moladh gun tèid luchd-obrach a' Bhùird dhan Optima agus gun tèid còmhraidhean a chumail leis na buidhnean eile anns An Leanag air cleachdaidhean eile a dh' fhaodadh a bhith ann rè ùine.</p> <p>PT4 - Structaran Riaghlaidh</p> <p>Thug an Ceannard fios do na Buill mun aithisg rannsachaidh a rinneadh le Jan Polley air ro-innleachd riaghlaidh a' Bhùird. Bha an aithisg a' moladh 3 Comataidhean a stèidheachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> - Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan, Comataidh Ionnsachaidh, Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig - agus Buidheann-obrach (geàrr-ùine) a bhiodh a' brosnachadh na Gàidhlig. <p>Rinneadh beagan deasbaid air na molaidhean agus chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh Buidheann-obrach a stèidheachadh a bhiodh a' coimhead ris na molaidhean seo a chur an gnìomh.</p> <p>Diaradaoin 15/06/17</p> <p style="text-align: right;">Tha JW an làthair aig a' choinneimh</p> <p>PT5 - Rianachd Chunnartan</p> <p>Bhruidhinn an Ceannard air a' phàipear seo agus rinneadh beagan deasbaid air a' chlàr. Chaidh aontachadh ris na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> ➤ Cunnartan aig àireamhan 11 & 12 a bha a' bualadh air foghlam ath-sgrìobhadh gus a bhith a' gabhail a-steach gainnead thidsearan, stiùireadh reachdail agus atharraichean sa churraicealam ➤ Àireamh 6 a' lùghdachadh bho 25 gu 20. Chaidh structar luchd-obrach atharrachadh bho chionn ghoirid is tha fastadh a' dol air adhart airson dreuchdan a bha bàn. Chan eil an cunnart cho mòr a-nise. ➤ Àireamh 1 àrdachadh a rèir 's na bhios anns an Sgrùdadh air Cosg

	<p>A' Chomataidh Poileasaidh is Coileanaidh</p> <p>Thug MNA aithris labhairteach air na cuspairean air an deach beachdachadh aig a' Chomataidh Phoileasaidh is Coileanaidh. Thog i gun robh iad air beachdachadh air na h-ealain agus gun robh iad a' moladh buidheann-obrach gear-ùine a stèidheachadh a bhiodh a' coimhead nas mionaidiche ris a' cheangal a bha eadar am Bòrd agus Alba Chruthachail agus ag aontachadh air an t-slighe air adhart dha na h-ealain.</p> <p>Thug na Buill fa-near don fhiosrachadh.</p>
6)	<p>PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG</p>
	<p>Thug an Ceannard agus DB cùl-fhiosrachadh do na Buill air mar a chaidh leis a' Cho-Chomhairleachadh air a' Phlana.</p> <p>Dh' inns DB gum bi gach freagairt air fhoillseachadh – ma tha cead ann bhon neach-sgrìobhaidh – air an làrach-lìn.</p> <p>Ruith an Ceannard tro na h-atharraichean a chaidh a mholadh bhon choinneimh sa Chèitean agus rinn na Buill molaidhean eile a thaobh briathrachais agus doigh-sgrìobhaidh. Chaidh iarraidh cuideachd, ma bha atharraichean sam bith eile aig na Buill, an cur chun Cheannard air post dealain taobh a-staigh seachdain.</p> <p>Thèid am Plana a-nise ath-sgrìobhadh a' gabhail a-steach molaidhean is beachdan nam Ball agus thèid a chur air adhart chun a' Mhinistear aig deireadh na mìos. Thèid Plana Gnìomh ullachadh cuideachd a bhios a' mìneachadh mar a thèid amasan a' Phlana a chur an gnìomh.</p> <p>Ma thig aonta bhon Mhinistear ann an àm tha dùil am Plana fhoillseachadh aig a' Mhòd an Loch Abar san Dàmhair.</p> <p>PT7 - BBC ALBA</p> <p style="text-align: right;">Dh' fhàg AMD, MAK a' choinneamh</p> <p>Ghabh MNA a' chathair fhad 's a bha an cuspair seo ga dheasbad.</p> <p>Dh' inns an Ceannard gun robh i a' sireadh bheachdan bho na Buill air mar as fheàrr taic a chumail ri MG Alba an dèidh dhaibh fàilligeadh airgead a bharrachd fhaighinn gus prògraman ùra a chraoladh.</p> <p>Thuirt i gun robh i air sgrìobhadh gu Ofcom, BBC Scotland is MG Alba a' sireadh bheachdan air a bhuidheann a bheireadh an taic-airgid ùr is an sianal ùr aig BBC Scotland air MG Alba agus bha i air fios fhaighinn air ais bho Ofcom gun robh iad a' cumail co-chomhairleachaidh an-dràsta air ìre seirbheis a BhBC agus gun robh cothrom ann freagairt a chur a-steach thuca.</p> <p>Chumar deasbad air an t-suidheachadh seo agus dh' aontaichear freagairt a chur a-steach, a' gabhail a-steach nam puingean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> ➤ Cion co-ionannachd le S4c ➤ Cion cuota uairean craolaidh ➤ Gur e Craoladair Seirbheisean Poblach a bha annta (Public Service Broadcaster) <p>Dh' iarraidh cuideachd iomradh a thoirt air an luach a tha ga chur air an airgead a thathas a' faighinn mar-thà agus an diofar a tha e a' dèanamh do choimhearsnachdan agus an cron a bhiodh e dèanamh nam bitheamaid ga chall. Chaidh innse gum biodh an Ceannard agus MNA a' coinneachadh ri Ofcom air 21mh den mhìos. Dh' iarr na Buill dreach-fhreagairt a sgaoileadh gu na buidhnean Gàidhlig eile gus am biodh iadsan cuideachd a' cur freagairt chun a' cho-chomhairleachaidh.</p> <p style="text-align: right;">AMD & MAK a' tilleadh don Choinneamh</p>
7)	<p>LEASACHADH NA GÀIDHLIG</p>
	<p>Planaichean Gaidhlig</p> <p>PT1 - Comhairle Mhoireibh</p>

	<p>Dh' innis DB gur e Plana fìor mhath a bha seo agus gu h-àraid gun robh a' Chomhairle for-ghnìomhach a thaobh Foghlaim. Bhiodh foillseachadh a' Phlana na bhrosnachadh dhan sgìre agus bhiodh fios aig daoine air na bha a' tachairt gu h-ionadail.</p> <p>Ghabh na Buill ris a' Phlana.</p> <p>PT2 – Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear</p> <p>Thuir DB gun robh am Plana seo aig ìre cho math is bhathar an dùil fhaighinn agus bha e ga mholadh don Bhòrd ach bha ceist ann a thaobh pròiseis mu choinneimh Stiùireadh Reachdail air Foghlam fosgailte an-dràsta is mar sin cha bhiodh e iomchaidh aonta a chur ris aig an àm seo.</p> <p>Ghabh na Buill ris a' mholadh feitheamh gus am bi a' cheist nas soilleire agus am Plana a thilleadh thuca nuair a bhios sin dèante.</p> <p>Amasan Àrd-ìre</p> <p>PT1 Leabharlann Nàiseanta na h-Alba</p> <p>Chaidh bruidhinn air a' bhuidhinn seo agus aontachadh gun robh iad a' dèanamh tòrr a thaobh na Gàidhlig agus gum bu chòir gach taic a thoirt dhaibh.</p> <p>Ghabh na Buill ris na amasan àrd-ìre.</p> <p>PT2 Comhairle Baile Ghlaschu</p> <p>Ghabh na Buill ris na amasan àrd-ìre airson Comhairle Baile Ghlaschu mar a bha iad sgrìobhte.</p> <p style="text-align: right;">DML/FD/JW a' fàgail na Coinneimh</p>
8)	CÙISEAN CONALTRAIDH
	<p>Ceannard</p> <p>Dh' inns an Ceannard gun robh BnG air iarraidh gum biodh pìos rannsachaidh air a dhèanamh a bhiodh a' coimhead air mar a bha na meadhanan a' dèiligeadh ris a' Ghàidhlig, an droch chliù a bha ga chosnadh agus ciamar a b' fheàrr a dheigheadh a làimhseachadh. Bha beachdan mun phàipear air iarraidh bho na Buill. An dèidh beagan deasbaid chaidh aontachadh gum biodh ceumannan gnìomh gan cur chun na bhuidhne-obrach airson an toirt air adhart.</p>
9	CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH
	Cumar an ath Choinneamh air 20 & 21 Sultain sa Ghearasdan.

Ailean Dòmhnallach (Cathraiche)

Ceann-latha